

BÒRD NA GÀIDHLIG

| | | |
|---|--|---|
| Coinneamh a' Bhùird-stiùiridh | | Board Meeting |
| Air-loidhne | | Online |
| Diardaoin 18/ 03/2021 10.45-11.30 | | Thursday 18/03/2021 10.45 – 11.30 |
| 1.0 | TOISEACH AN T-SEISEIN FHOSGAILTE | OPEN SESSION START |
| 1.1 | Fàilte bhon Chathraiche | Welcome |
| 1.2 | Leisgeulan | Apologies |
| 1.3 | A' nochdadh chom-pàirtean | Declarations of interest |
| 2.0 | IONMHAS | FINANCE |
| 2.1 | Ri Aontachadh Iarrtasan Taic-airgid <i>Steven Kellow, Oifigear Maoinachaidh is Phròiseactan</i> | For Decision Funding Applications <i>Steven Kellow, Funding and Projects Officer</i> |
| 3.0 | Ceann-latha na h-ath coinneimh 16/06/2021 | Date of next meeting 16/06/2021 |
| | Dùnadh na coinneimh | Close of meeting |



| | |
|---------------------------------|-----------------------------|
| A' freagairt ri | Am Bòrd-stiùiridh |
| Ceann-latha na Coinneimh | 18/3/2021 |
| Àite: | Aig astar (Microsoft Teams) |
| Nì a' chlàir-ghnothaich | 2.1 |

| | | |
|---|--|---------------------------------|
| Tìotal a' Phàipeir | Iarrtasan Taic-airgid | |
| Neach-labhairt: | Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan | |
| Cùrsa Riaghlaidh airson na h-Aithris | Ceann-latha na Coinneimh | Seòrsachadh na h-Aithris |
| Sgioba Stiùiridh | 10/03/2021 | Airson Aontachadh |
| Pàipear-taice air a cheangal ris | Chan eil | |
| 1 | Adhbhar | |
| 1.1 | A' sireadh aonta bhon Bhòrd-stiùiridh airson taic a chumail ri 2 iarrtas taic-airgid aig ìre thairis air £100,000. | |
| 2. | Cùl-fhiosrachadh | |
| 2.1 | Tha airgead luach £150,000 a' tighinn bho Riaghaltas na h-Alba airson a chur mu choinneimh phròiseactan a bhios a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig anns na coimhearsnachdan traidiseanta gu sònraichte gus taic a chumail ri ath-bheòthachadh às dèidh a' choròna-bhiorais. | |
| 2.2 | Chaidh aontachadh leis an Sgioba Stiùiridh air 10 Màrt 2021 gun tèid pàirt den airgead bhon Riaghaltas a chleachdadh airson taic a chumail ri Fèisean nan Gàidheal airson Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar fhastadh, is iad air aontachadh gum bithear a' tabhann £40,000 dhan iarrtas sin. | |
| | Comunn na Gàidhlig & Comunn nam Pàrant | |
| 2.3 | Tha Comunn na Gàidhlig (is Comann nam Pàrant ann an co-bhonn leotha) air cùmhnant trì-bliadhna fhaighinn mar Bhuidheann Com-pàirteach Lìbhrigidh, is taic luach £463,700 air aontachadh airson 2021/22 leis a' Bhòrd-stiùiridh. | |
| 2.4 | Tha Bòrd na Gàidhlig cuideachd a' cumail taic a bharrachd ri ùghdarrasan ionadail airson taic-airgid a chumail ri oifigearan nan Iomairtean aig Comunn na Gàidhlig san sgìre aca fhèin, is luach iomlan de £160,500 air aontachadh airson 2021/22 leis a' Bhòrd-stiùiridh, air a roinn eadar na h-ùghdarrasan ionadail mar a leanas: <ul style="list-style-type: none"> • Comhairle nan Eilean Siar - £95,100 • Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid - £34,200 • Comhairle Baile Dhùn Èideann - £15,600 • Comhairle Baile Ghlaschu - £15,600 | |
| 2.5 | Tha fàs anns na h-Iomairtean air ainmeachadh ann an Eàrr-ràdh 3 den Phlana Ionmhais Meadhan Ùine aig Bòrd na Gàidhlig mar àite far a bheilear airson leudachadh a thoirt air prògram leasachaidh na Gàidhlig a tha air maoineachadh leis a' Bhòrd. | |
| 3. | Prìomh Aithris/Fiosrachadh | |
| | Comunn na Gàidhlig & Comann nam Pàrant | |
| 3.1 | | |

| | |
|------|---|
| 3.2 | Tha Comunn na Gàidhlig is Comann nam Pàrant a' sireadh taic-airgid airson oifigearan ùra fhadstadh airson aon bhliadhna gus an obair aca a chur air adhart, gu sònraichte mar fhreagairt dha na duilgheadasan a tha air a bhith ann ri linn a' choròna-bhiorais. |
| 3.3 | Bidh am pròiseact seo a' toirt leudachadh 3.5 FTE air lìonra oifigearan nan lomairtean aig Comunn na Gàidhlig airson 2021/22, a tha a' cumail taic ri òigridh ann an coimhearsnachdan. |
| 3.4 | Bidh seo a' coileanadh amasan ann am Plana Leasachaidh nan lomairtean aig Comunn na Gàidhlig, is am plana seo mar thoradh air targaid bhon aonta Buidheann Com-pàirteach Lìbhrigidh eadar am Bòrd is Comunn na Gàidhlig. |
| | <p>Bhiodh an leudachadh ann mar 3 dreuchdan aig 0.5 FTE anns na h-Eileanan an Iar sna sgìrean a leanas:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Na Hearadh; • Loch a Tuath; • Ùige Leòdhais; <p>agus 3 dreuchdan ann an sgìrean na Gàidhealtachd:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Siorrachd Rois (1 FTE); • Loch Abar (0.5 FTE); • Taobh a Deas an Eilein Sgitheanaich (0.5 FTE). |
| 3.5 | Tha oifigearan a' moladh gun tèid gabhail ris an iarrtas seo, is iad a' faicinn gum faodadh seo buaidh mhòr a dhèanamh a thaobh cleachdadh na Gàidhlig am measg òigridh ann an coimhearsnachdan Gàidhlig, gu sònraichte le bhith a' dèiligeadh ri, no ag ath-shlànachadh bho, bacaidhean ri linn a' choròna-bhiorais. |
| 3.6 | Thathar cuideachd a' moladh a' phròiseict mar chothrom fhaighinn air buaidh obair nan lomairtean faicinn is a mheasadh ann an sgìrean ùra, is amas ann airson cothroman leudachaidh air oifigearan coimhearsnachd san àm ri teachd. |
| 3.7 | Mar phàirt den phasgan seo, thèid oifigear ùr fhadstadh aig Comann nam Pàrant cuideachd airson 2021/22 airson taic a chumail ri pàrantan is ri lomairtean foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, is taic a bharrachd na bhuanachd mhòr leis an droch bhuidhean a th' air a bhith aig a' choròna-bhioras air misneachd phàrantan ann a bhith a' taghadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. |
| 3.8 | Bidh an taic-airgid seo ann airson dreuchdan 1 bhliadhna gu deireadh a' Mhàirt 2022, is seo ag obair ann an co-rèir leis an aonta trì-bliadhna aig Comunn na Gàidhlig is Comann nam Pàrant a tha a' tighinn gu crìch aig an aon àm. |
| 3.9 | Leis gu bheil na dreuchdan seo uile gu tur ùr, is mar sin chan eil seo air a chomharrachadh san aonta taic-airgid Buidheann Com-pàirteach Lìbhrigidh aca, tha oifigearan riarachaidh seo a chur air dòigh mar chùmhnannt taic-airgid a bharrachd is nach bi seo a' dùblachadh na tha anns an aonta aca a-cheana. |
| 3.10 | Tha Comunn na Gàidhlig is Comann nam Pàrant a' sireadh £172,218, is oifigearan a' moladh gun tèid aontachadh ris an iarrtas. |
| | <p>Fearann Coimhearsnachd na h-Alba</p> |

| | |
|-----------|--|
| 3.11 | Tha Fearann Coimhearsnachd na h-Alba (FCA) a' sireadh taic-airgid airson pìleat 18 mìosan a ruith de sgeama taic-airgid aig ìre choimhearsnachd airson nan Eileanan an Iar, eileanan ann an sgìre na Gàidhealtachd is eileanan ann an sgìre Earra-Ghàidheil. |
| 3.12 | Tha am pìleat seo air tighinn bho chòmhradhean eadar oifigearan a' Bhùird is FCA, is seo mar fhreagairt dhìreach ri gnìomh sa Phlana Nàiseanta Cànan Ghàidhlig 2018-2023: <i>"Thèid maoin a stèidheachadh le diofar bhuidhnean mar thaic do phròiseactan aig buill Fearann Coimhearsnachd na h-Alba agus aig buidhnean eile a chuireas ri luach sòisealta is eaconamach na Gàidhlig."</i> (t.d. 41) |
| 3.13 | Tha am pìleat seo cuideachd a' freagairt air cuid de na toraidhean bhon Cho-chomhairle Maoineachaidh a bha airson barrachd cumhachd a bhith aig buidhnean ionadail ann a bhith a' stiùireadh maoin leasachaidh na Gàidhlig. |
| 3.14 | Airson an sgeama, bithear ag iarraidh air urrasan coimhearsnachd teamplaid a chur a-steach a bhios ag obair mar phlana Gàidhlig airson na sgìre, is stèidhichte air seo is na pròiseactan na lùib faodaidh an t-urras cur a-steach airson: <ul style="list-style-type: none"> • Tabhartas beag (suas ri £5,000) • Tabhartas eadar-mheadhanach (suas ri £15,000) • Tabhartas mòr (suas ri £30,000) |
| 3.15 | Thathar an dùil tron sgeama gun urrainnear taic a chumail ri 4 tabhartasan beaga, 3 tabhartasan eadar-mheadhanach is 2 thabhartas mòr. |
| 3.16 | Bidh cuideachd oifigear air fhadhadh le FCA gus an sgeama a rianachadh, ach cuideachd taic a chumail ri buidhnean a bhios a' lìbhrigeadh pròiseactan fo sgèith an sgeama, is bidh seo luachmhor ann a bhith a' cuideachadh comasan nam buidhnean gus pròiseact èifeachdach a chur air dòigh. |
| 3.17 | Thèid an sgeama a ruith le FCA, ach thathar an dùil gum bi cothroman ann do dh'oifigearan a' Bhùird a bhìadhachadh a-staigh dhan phròiseas airson sgeama a chruthachadh, iarrtasan a mheasadh is adhartas nam pròiseactan maoinichte a mheasadh. |
| 3.18 | Tha oifigearan den bheachd gur e dòigh-obrach gu math feumail a dh' fhaodadh a bhith ann an seo, le cothrom air a thabhann do choimhearsnachdan gus barrachd smachd a ghabhail air leasachadh na Gàidhlig sna sgìrean aca fhèin is goireasan air an tabhann dhaibh airson seo a chur an gnìomh. |
| 3.19 | Tha FCA a' sireadh £154,000 airson am pìleat a ruith, is oifigearan a' moladh gun tèid gabhail ris an iarrtas. |
| 4. | Moladh |
| 4.1 | Aontachadh gus £172,218 a thabhann ri Comunn na Gàidhlig (is Comann nam Pàrant) airson a' phròiseict "Taic sgìreil", le cumhaichean: <ul style="list-style-type: none"> • Gum bi an taic seo airson na dreuchdan a chumail suas ri Màrt 2022 • Gum bi na cumhaichean airson an aonta Buidheann Com-pàirteach Lìbhrigidh a' buntainn ris an aonta seo |
| 4.2 | Aontachadh gus £154,000 a thabhann ri Fearann Coimhearsnachd na h-Alba airson a' phròiseict "Pìleat Urrasan Coimhearsnachd Gàidhlig", le cumhaichean: <ul style="list-style-type: none"> • Gum bi conaltradh ann leis a' Bhòrd air stiùireadh is foirm-iarrtais an sgeama • Gum bi riochdaire bho Bhòrd na Gàidhlig air a' phannal airson iarrtasan a mheasadh |

| | | | | | |
|-----------------------------|--|---------------|-----------------------|-------------------------|-------------------------|
| | <ul style="list-style-type: none"> Gum bi aithisgean adhartais cunbhalach a' tighinn gu Bòrd na Gàidhlig air adhartas nam pròiseactan Gum bi an t-oifigear rianachd nan tabhartasan fileanta sa Ghàidhlig | | | | |
| 5. | Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach | | | | |
| 5.1 | Buaidhean air Ionmhas | | | | |
| 5.1.1 | Ma thèid aontachadh gus taic a chumail ris na pròiseactan, thèid airgead a phàigheadh a-mach mar a leanas: | | | | |
| Buidseat | Buidheann/Pròiseact | Iomlan | 2020/21 | 2021/22 | 2022/23 |
| 102024 (GLAIF – Iomairtean) | Comunn na Gàidhlig Taic sgrèil | £172,218 | £137,768 (Màrt 21) | £34,450 (Dàmhair 21) | - |
| 102021 (GLAIF – Usage) | Fearann Coimhearsnachd na h-Alba Pìleat Urrasan Coimhearsnachd Gàidhlig | £154,000 | £100,000 (Màrt 21) | £27,000 (Sultain 21) | £27,000 (Sultain 22) |
| 5.1.2 | Ma thèid aontachadh ris an iarrtas bho Chomunn na Gàidhlig, thèid pàirt den £150,000 bho Riaghaltas na h-Alba a chaidh aontachadh sa Mhàrt 2021 a chleachdadh a dh' ionnsaigh pàighidhean a' Mhàirt 2021 airson nan aontaidhean seo, is airgead eile a' dol a dh' ionnsaigh taic-airgid airson Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar aig Fèisean nan Gàidheal mar a chaidh aontachadh leis an Sgioba Stiùiridh air 10 Màrt 2021. Thèid £19,768 bho airgead Bhòrd na Gàidhlig a chleachdadh, is airgead seo ri fhaighinn bho phròiseactan nach deach air adhart ann an 2020/21. | | | | |
| 5.1.3 | Ma thèid aontachadh ris an iarrtas bho Chomunn na Gàidhlig, thathar an dùil gum bi fhathast airgead gu leòr ann an loidhne-bhuidseat 102024, leis gu bheil e air a bhith comasach taic-airgid a chumail ri pròiseactan fon loidhne sin na bu thràithe na bha an dùil. | | | | |
| 5.2 | Buaidhean air Luchd-obrach | | | | |
| | Chan eil gin ann. | | | | |
| 5.3 | Buaidhean air Trèanadh | | | | |
| | Chan eil gin ann. | | | | |
| 5.4 | Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra | | | | |
| | Bidh na pròiseactan seo san fharsaingeachd a' cur ris na h-amasan a leanas bho Phlana Corporra a' Bhùird: | | | | |
| 5.4.1 | <p>Cleachdadh na Gàidhlig</p> <ul style="list-style-type: none"> “A' dealbh ro-innleachdan a dh'aona-ghnothach airson frithealadh air feumalachdan nan coimhearsnachdan dùthchail is nam bailtean nas motha agus airson brath a ghabhail air na cothroman a th' ann dhaibh, feuch am bi coimhearsnachdan Gàidhlig nas làidire ann” (Comunn na Gàidhlig/Comann nam Pàrant, FCA) “A' toirt taic do bhuidhnean is daoine fa leth airson barrachd chur-seachadan, thachartasan is ghoireasan a chur air dòigh, agus feadhainn nas fheàrr, do dhaoine òga agus a' toirt taic do dh'fheadhainn a thèid a chur air dòigh le daoine òga” (Comunn na Gàidhlig/Comann nam Pàrant, FCA) “A' cur iomairtean air dòigh ann an co-bhuinn ri buidhnean poblach, prìobhaideach agus bhon treas roinn a bheir meudachadh air cleachdadh na Gàidhlig ann an àiteachan-obrach” (FCA) <p>Ag ionnsachadh na Gàidhlig</p> | | | | |

| | | | |
|---|---|---|-------------------------------------|
| 5.4.2 | <ul style="list-style-type: none"> • “Ag obair còmhla ri buidhnean de phàrantan is buidhnean buntainneach gus fàs a thoirt air FtG” (Comunn na Gàidhlig/Comann nam Pàrant) • “A’ cur iomairtean air dòigh le luchd-compàirt gus barrachd taice a thoirt do theaghlachan nuair a tha a’ chlann aca aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean” (Comunn na Gàidhlig/Comann nam Pàrant) • “sanasachd air na cothroman is air an ionnsachadh sin” (Comunn na Gàidhlig/Comann nam Pàrant) | | |
| 5.4.3 | <p>A’ cur air adhart na Gàidhlig</p> <ul style="list-style-type: none"> • “A’ dèanamh cinnteach gum bi buaidh nas motha aig Planaichean Gàidhlig air cùisean agus a’ toirt taic do dh’Ùghdarrasan Poblach gus sanasachd a dhèanamh air an obair a nì iad don Ghàidhlig” (FCA [tro na ùghdarrasan leis am bi iad ag obair]) • “Ag obair còmhla ri luchd-compàirt airson iomairtean a dhealbhadh is a chur an gnìomh a bheir taic do dh’ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig” (Comunn na Gàidhlig/Comann nam Pàrant, FCA) | | |
| 5.5 | Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta | | |
| AR N-ADHBHAR | | AR LUACHAN | |
| Fòcas air a bhith a’ cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh’Alba air fad soirbheachadh tro bhith a’ cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach | | ’S e comann-sòisealta a th’ annainn a tha a’ dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a’ toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach | |
| AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA | | | |
| Còraichean daonna | <input type="checkbox"/> | Clann | <input checked="" type="checkbox"/> |
| Cultar | <input checked="" type="checkbox"/> | Coimhearsnachdan | <input checked="" type="checkbox"/> |
| Àrainneachd | <input type="checkbox"/> | Bochdainn | <input type="checkbox"/> |
| Slàinte | <input type="checkbox"/> | Eadar-Nàiseanta | <input type="checkbox"/> |
| Foghlam | <input checked="" type="checkbox"/> | Eaconamaidh | <input checked="" type="checkbox"/> |
| Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach | <input checked="" type="checkbox"/> | | |
| 5.6 | Buidhean air Cliù | | |
| | Bidh na pròiseactan seo a’ cur ri cliù na buidhne ann a bhith a’ cumail taic ri coimhearsnachdan ann an sgìrean far a bheil cleachdadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd fhathast bitheanta. | | |
| 5.7 | Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd | | |
| | Feumaidh na pròiseactan uile a bhith a’ leantainn an lagha, riaghailtean is stiùireadh bho Riaghaltas na h-Alba ri linn a’ choròna-bhiorais. | | |
| 5.8 | Buidhean Laghail | | |
| | Chan eil gin ann. | | |
| 5.9 | Buidhean air Co-ionannachd | | |
| | Chan eil gin ann. | | |
| 5.10 | Buidhean air an Àrainneachd | | |
| | Chan eil gin ann. | | |

